



A' Sgrùdadh Eachdraidh Soidhnichean Baile



Dè dh'innseas soidhnichean dhuinn?

- Mar as trice bidh soidhnichean airson bailtean beaga agus mòra air an cur suas le comhairlean ionadail.
- Gu tric bidh soidhnichean sònraichte air an cur suas gus tachartasan sònraichte a chomharrachadh mar cuimhneachan bliadhnail a tha cudromach dhan bhaile.
- Bidh dealbhan air cuid de shoidhnichean a' sealltainn rudan airson a bheil an sgìre ainmeil.
- Bidh feadhainn eile a' cleachdadh gearradh-arm air na soidhnichean aca a' sealltainn cuspairean eachdraidheil.
- Innsidh mòran shoidhnichean dhut cuideachd a bheil an t-àite na "chàraid" le baile sam bith eile san t-saoghal – tha "càraideachadh" a' cruthachadh ceangal sònraichte eadar na h-àiteachan.



Mar a gheibhear a-mach mu shoidhnichean baile

- Tòisich le bhith a' coimhead a-mach airson soidhnichean nuair a thèid thu a dh'àiteachan ùra.
- 'S dòcha gu bheil soidhne inntinneach far a bheil thu a' fuireach – thoir sùil!
- 'S dòcha gum feumar beagan rannsachaidh airson tuigsinn dè tha an soidhne a' sealltainn.
- Airson tòiseachadh air do rannsachadh, feuch ri dealbh a thogail no a dhèanamh den t-soidhne.
- Gus tuigsinn dè tha an soidhne a' sealltainn, feumaidh tu faighinn a-mach dè na dealbhan a th' ann. Chan eil e soilleir an còmhnaidh oir gu tric bidh rudan orra nach eil rim faicinn an-diugh.
- Faighnich aig an taigh-tasgaidh no aig an leabharlann ionadail. Tha mòran eòlais acasan air eachdraidh ionadail.
- Tha mòran làraich air an eadar-lìon far a bheil daoine a' bruidhinn air soidhnichean agus a' sgrìobhadh mun eachdraidh aca.



* Na cleachd an t-eadar-lìon uair sam bith airson rannsachadh gun innse do dh'inbheach dè tha thu a' dol a dhèanamh!



Tha an soidhne seo à Stromness ann an Arcaibh. Tha e a' sealltainn gearradh-arm a' bhaile, anns a bheil bàta dràgoin a' comharrachadh ceanglaichean nan Lochlannach ris an sgìre.




Tha an soidhne-baile airson Brandon ann an Suffolk a' sealltainn dealbh "flint knappers". B' iad sin daoine a bhiodh a' dèanamh innealan le clach-spor. Bha Brandon na phrìomh ionad airson flint knapping fad iomadh linn.



Tha Burnham Thorpe a' cleachdadh a shoidhne airson a cheangal ri Àrd-mharaiche Nelson, a rugadh sa bhaile, a chomharrachadh.



Tha an soidhne seo à Alba a' sealltainn gearradh-arm a' bhaile agus ag innse dhut gur e "càraid" baile Maule san Fhraing a th' anns a' bhaile.



'S e fealla-dhà stèidhichte air ainm a' bhaile a th' anns an t-soidhne seo airson baile Appledore ann an Kent. 'S e 'D'or' Fraingis airson "de dh'òr" agus mar sin dh'fhaodadh Apple D'or a bhith a' ciallachadh 'Ubhal Òir'. Tha 2000AD ag innse dhut gun deach an soidhne a chur suas airson a' bhliadhna 2000 a chomharrachadh.